

# An Gàidheal Ùr

A' RIOCHDACHADH NA COIMHEARSNACHD GHÀIDHLIG

Fon 01851 706877 Facs 01851 706467

An Giblean, 2006

www.an-gaidheal-ur.co.uk

Àireamh 101

Taobh a-staigh  
pàipear na mìos  
seo:



Duaisean dhan  
BhBC aig an fhèis  
Cheiltich

duilleag 10



Am prosbaig a'  
tionndadh air Uig

duilleag 3

**TOG  
FEAR  
AN-DIUGH  
AN ASGAIDH**

## Ceum foghlamaichte air adhart



Gluaisidh an 96 sgoilear a tha an-dràsta ann an Sgoil a' Mheadhan chun sgoil ùir, nuair a bhios i deiseil

Dealbh: Phil Downie

## Sgoil Ghàidhlig ùr Inbhir Nis a' fosgladh an ceann bliadhna

Thèid bun-sgoil gu tur ùr a thogail ann an Inbhir Nis a bhios a' tabhann foghlam cunbhalach tro mheadhan na Gàidhlig, mar a tha aca an-dràsta ann an Glaschu.

Thèid a' phròiseact a chur air adhart le Comhairle na Gàidhealtachd mar phàirt den iomairt mhòr aca a thaobh grunn sgoiltean a thogail tro Sgeama Poblach Pribheiteach luach £134 millean uile gu lèir.

Tòisichidh obair togail air sgoil Ghàidhlig ùr Inbhir Nis an ath mhios agus tha dùil gun toir e bliadhna mus bi i fosgailte — leis an 96 sgoilear a tha an-dràsta a' frithealadh ionadan Gàidhlig bun-sgoil a' Mheadhan a' gluasad inn-te.

Tha a' phròiseact air ceum subsainteach air adhart a ghabhail 's deasdad ga chumail sna h-Eileanan Siar agus san Eilean Sgitheanach air feumalachdan nan sgoiltean Gàidhlig.

Thuir cathraiche comataidh foghlaim, spòrs is cultair na comhairle Anndra MacAnndrais: "S e teachdaireachd làidir a tha seo bhon chomhairle

mu dheidhinn sin. Ach, tha duilgheadas againn oir tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig aig ìre àrd-sgoile ann an Inbhir Nis lag.

"Tha sinn a' faicinn cùisean a' gluasad gu math luath ann an Glaschu — agus tha sin math, cuidichidh sin sinne agus gheibh sinn air ionnsachadh bhuapa. Ach, ma tha sinne dha-rìribh airson a' Ghàidhlig a leasachadh sa bhaile feumaidh àrd-sgoil a bhith againn a thuilleadh air bun-sgoil."

Thuir Mgr Anndrais gun robh iad a-nis a' bruidhinn ri luchd Gàidhlig a' bhaile mu dheidhinn àrd-sgoil a chruthachadh, cuideachd a dh'aona-ghnothaich airson a' chànain, ach gu bheil cùisean aig ìre gu math tràth.

Thuir Brian O h-Eadhra, bho Fòram Gàidhlig Inbhir Nis: "S e fìor dheagh cheum a tha anns a' bhun-sgoil agus tha an t-àm ceart airson a dhèanamh. Tha sinn air a bhith feitheamh suas ri 20 bliadhna air a shon ach 's math gu bheil e tachairt mu dheireadh thall.

"An ath cheum a-nis 's e àrd-sgoil fhaighinn dha Inbhir Nis agus tha sinn a' bruidhinn ris a' chomhairle

mu dheidhinn sin. Ach, tha duilgheadas againn oir tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig aig ìre àrd-sgoile ann an Inbhir Nis lag.

"Tha sinn a' faicinn cùisean a' gluasad gu math luath ann an Glaschu — agus tha sin math, cuidichidh sin sinne agus gheibh sinn air ionnsachadh bhuapa. Ach, ma tha sinne dha-rìribh airson a' Ghàidhlig a leasachadh sa bhaile feumaidh àrd-sgoil a bhith againn a thuilleadh air bun-sgoil."

Thuir Mgr Anndrais mas e 's gun tèid an àrd-sgoil air adhart bidh iad a' coimhead ri rudan mar ceangalan teicneòlais a dhèanamh le Sgoil Ghlaschu airson na leasan a libhrigeadh. Thug e cuideachd rabhadh seachad gu bheil gainnead nan tidsear na thrioblaid.

## Farpais ball-coise ga chumail tro mheadhan na Gàidhlig

Ma shoirbhicheas le còmhraidhean a tha dol air adhart an-dràsta thèid cur air adhart farpais ball-coise tro mheadhan na Gàidhlig — a' chiad uair a-riamh a thatar dhen bheachd a thachair a leithid a rud, gu foirmeil co-dhiù.

Thèid an tachartas a chumail ann am Peairt air an 24mh dhen Ògmhios agus thatar a' sùileachadh gum bi ceithir sgoiltean a' gabhail pàirt — Sgoil Thollcrois ann an Dùn Èideann, Sgoil Lionail ann an Leòdhas, Sgoil Phort Rìgh is sgoil à Inbhir Nis.

B' ann bho Eòin Kelly, tidsear Gàidhlig ann an Tollcrois is a bhuineas do dh'Inbhir Nis, a thàinig an smuain. Tha esan air a bhith a' cur air dòigh seiseanan trèanaidh dhan chloinn tro mheadhan na Gàidhlig airson ùine fhada.

"S e farpais bheag a bhios ann an seo airson toiseach-tòiseachaidh co-dhiù," dh'innis Mgr Kelly don Ghàidheal Ùr. "Tha i fosgailte do dhuine sam bith eadar còig bliadhna a dh'aois is seachd, cho fad 's gu bheil iad a' dol tro foghlam tro mheadhan a' chànain. Faodaidh clann-nighean no balaich gabhail pàirt agus faodaidh iad a bhith anns an aon chlas no fiù 's dìreach mar caraidean, cho fad 's a bhruidhneas iad a' Ghàidhlig."

"Feumaidh sinn a bhith mothachail gu feum a' Ghàidhlig a bhith aca ann an suidheachaidhean taobh a-muigh a' chlas, far a bheil iad ga cleachadh ann an àrainneachd spòrsail. Chan eil fhios agam fhathast ciamar as urrainn dhuinn toirt orra an cànan a bhruidhinn san farpais — mar eisimpleir an tèid càirt-bhuidhe a shealltainn airson cus Beurla a bhruidhinn — ach nì sinn e ann an dòigh spòrsail. Ach, 's e an rud gum bi iad a' bruidhinn na Gàidhlig — fiù 's ag argamaid leis an rèitire tro mheadhan a' chànain."

Chan eil fhios fhathast ciamar a dh'obraicheas an farpais gu mionaideach, oir feumar a' chùis a dhèanamh freagarrach dha na sgiobaidhean a bhios a' siubhal astar mhòr — mar na Leòdhasaich is na Sgitheanaich.

Thuir Fionnlagh MacLeòid, coidse ball-coise clann Dhùn Èideann agus a chaidh a Sgoil Lionail e fhèin na òige: "Chan eil càil nas fhearr na bhith faicinn clann a' cluiche le balla agus a' bruidhinn Gàidhlig. B' àbhaist dhuinn a bhith ga dhèanamh sinn fhèin nuair a bha sinn a' fas an-àirde, ach gu mì-fhortanach cha thachair e an-diugh às aonais an seòrsa oidhirp seo."

"Ach, bho thòisich mise a' toirt dhaibh trèanadh ann an Gàidhlig tha iad air gabhail ris gu mòr agus air sealltainn gu bheil ùidh mhòr aca ann. Aig deireadh an là feumaidh a' Ghàidhlig a bhith aca anns an t-seòrsa suidheadhadh seo ma tha i idir dol a thighinn air adhart."

Mun fharpais fhèin, thuir e: "Bidh e buannachdail ann an iomadach dòigh. Bheir e clann Ghàidhlig bhon bhaile mhòr còmhla ri clann Ghàidhlig eileanach ann an suidheachadh far a bheil deagh spòrs gu bhith aca. Tha fios agam nach bi e ach beag sa chiad dol a-mach, ach chan eil adhbhar carson nach tèid a leudachadh à seo a-mach."

Ma tha ùidh aig duine sam bith a bhith na rèitire, no ma tha sibh ag iarraidh tuilleadh fiosrachaidh, cuiribh fios gu Eòin Kelly air 0131 229 7828.

Faic duilleag 9







# Buannachdan air leth ann an Glaschu a bu chòir am buileachadh san còrr de dh'Alba

Tha Màiri Nic Ille Bhreatannaich, neach-gairm Comann nam Pàrant (Glaschu), a' mìneachadh nam buannachdan a tha an lùib sgoiltean gu tur sa Ghàidhlig.

**S**e sgeulachd shoibheachail a tha ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FMG). 'S i aon de na sgeulachdan as fheàrr ann an foghlam na h-Alba thairis air an 20 bliadhna a dh'fhalbh, le àireamhan sgoilear a' sìor mheadhadh, toraidhean deuchainnean air leth agus aithisgean miorbhaileach bho luchd-sgrùdaidh. Tha mòran a tha an sàs ann an diofar phrògraman leasachaidh foghlaim Gàidhlig, a tha ag amas air a' chànan a dhion san àm ri teachd, dhen bheachd gur e FMG aon de na buaidhean as fheàrr a tha againn. Gur bith càite a bheil e ri fhaighinn tha buannachdan air a bhith ann dhan choimhearsnachd ionadail. Agus dhan chloinn a tha air an oideachadh tron Ghàidhlig, tha iad a' faighinn na buannachd a thig le bhith dà-chànanach. Le sin bho thaobh na cloinne, nan coimhearsnachdan agus a' chànan, bu chòir fàilte a chur air FMG gun teagamh sam bith.

Bhiodh e furasta a dh'òchumhneachadh nuair a thòisich e ann an 1985 gun robh feadhainn de dhaoine a' smaoinneachadh nach robh feum air FMG, gu seasadh traidiseanan a' bheòil-aithris sna coimhearsnachdan math gu leòr às aonais taic fhoirmeil bho siostam an fhoghlaim. Bha feadhainn eile dhen bheachd gum biodh e cunnartach, gun toireadh e air falbh bho leasachadh foghlaim cloinne agus gu "milleadh e a' Bheurla" aca. Bha feadhainn eile dhen bheachd nach robh brìgh sam bith ann, nach bu chòir àite sam bith a thoirt don Ghàidhlig ann an Alba nuadh.

'S ann às an àrainneachd, glè thrìc nàimheil, seo a chaidh ionadan FMG a chruthachadh am broinn sgoiltean mean air mheadhan chun ìre is gu bheil, 21 bliadhna air adhart, ga fhaighinn ann an timcheall air 100 sgoil. Tha mòran eile air atharrachadh sna bliadhnan sin. Tha an cànan

ann an suidheachadh fù 's nas cugallaiche anns an t-saoghal shoifostaiseach theicneolas seo, agus chan eil fhathast gu leòr luchd-labhairt Gàidhlig ann. Tha fios gu bheil a' chlann a tha air tighinn tro FMG a' dèanamh adhartas math, tha iad fileanta ann an Ghàidhlig is Beurla, agus a-nis sa mhòr-chuid a shuidheachaidhean thatar air cur às dha na draghan mun fhoghlam shònraichte seo. Agus a-nis tha barrachd taic phoilitigeach aig a' chànan, tha fù 's targaidean aig an Riaghaltas airson a leasachadh.

'S e a-rèist na thatar mur coinneimh: Ciamar as urrainn dhuinn togail air na tha soirbheachail, na h-àireamhan a thogail agus ionnsachadh bho na nithean air na chuir sinn eòlas agus a bha buannachdail; ciamar as urrainn dhuinn togail air na rudan a tha nar fàbhar agus feum a dhèanamh dhen deagh-rùn; agus dè an dòigh as fheàrr air faighinn seachad air na fìor dhuilgheadasan, a' gabhail a-staigh mar a tha an àireamh phàistean a' crìonadh agus an cuideam a tha sin a' cur air sgoiltean beaga?

Ann an Glaschu thagh pàrantan modail na sgoile Gàidhlig mar am freagairt as fheàrr air na duilgheadasan sin. Ann an 1997 bha, san fharsaingeachd, dà roghainn mar coinneimh: dìon a chur air na h-àireamhan aig 100 ann an ionad bun-sgoil FMG ann an ceann-a-deas a' bhaile, no fosgladh tè ùr san iar dhen bhaile. Thug pàrantan air adhart an treas roghainn aca fhèin, sgoil gun sònraiche sa Ghàidhlig ann an làraich ann am meadhan a' bhaile. Sgrìobh buidheann ionadail Comann nam Pàrant plana, a' mìneachadh nam buannachdan a bhiodh aig sgoil Ghàidhlig a-mhàin, agus chaidh coinneamhan a chumail gus a dheasbad. Thug sin fois inntinn dha pàrantan aig an robh draghan agus rinn e cinnteach gun thuing a h-uile duine

na bha air cùlaibh lèirsinn na sgoile sònraichte. Bha Comhairle Bhaile Ghlaschu air leth taiceil agus chomharraich iad togalach freagarrach. Dh'fhosgail an sgoil ann an 1999 agus bhon uairsin tha na h-àireamhan air dùblachadh. 'S ann airson an adhbhair seo a tha bun-sgoil ùr, le àrd-sgoil Ghàidhlig ceangailte rihe, a' fosgladh ann am meadhan a' bhaile nas fhaide air a' bhliadhna. A' chaid uair a thachair e ann an Alba, 's e soirbheachas air leth a tha seo a' toirt buannachd dhan chloinn, do Ghlaschu agus dharribh dhan chànan Ghàidhlig.

Tha an t-eòlas againn ann an Glaschu air sealltainn nach e a-mhàin gu bheil sgoiltean nas fheàrr, ach gu bheil cruaidh fheum orra. Chan eil sin ri ràdh gu bheil na h-ionadan truagh; ach, ged a tha iad a' dèanamh glè mhath tha an cothrom ann fù 's nas fheàrr a dhèanamh le sgoiltean sònraichte.

Seo na tha sinn air fhaighinn a-mach ann an Glaschu:

- Tha iad nas fhileanta. Leis a' Ghàidhlig na cànan san sgoil gu lèir, tha barrachd suidheachaidhean ann agus cothroman nas fharsainge (an raon-cluiche, an seòmar ithe, cruinneachaidhean, tursan) a' Ghàidhlig a chleachdadh.

- Tha e a' togail earbsa. Am measg phàrantan FMG, tha earbsa riatanach agus tha e a' fàs le bhith cruthachadh sgoil, 'S urrainn dha sgoil sealltainn do ùghdaran an luach a tha ann an FMG, agus gu bheil rùn ann airson a dèanamh maireannach, chan ann mar rud a tha air a chur ri rud eile, no a ghabhas gluasad 's a chur an sàs an àiteigin eile.

- Tha iad a' cuideachadh le bhith tàladh thidsearan. Feumaidh sgoiltean ceannard, mar sin leis a h-uile sgoil Ghàidhlig bidh obair ceannard FMG. Gach cuid bhrosnaichidh e daoine gu foghlam FMG, le fios aca gun robh cothroman obrach tarraingeach

# Comhairle a' cur taic ri Sgoil Ghàidhlig Staoinibrig ach a' diùltadh moladh Leòdhais

**C**huir comhairlichean eileanach an taic ri aon sgoil Ghàidhlig a-mhàin a chruthachadh ann an Uibhist a Deas — ach, dh'iarr iad tuilleadh co-chomhairleachaidh airson an dàrna tè a stèidheachadh ann an Uibhist-a-Tuath agus dh'iùlt iad buileach glan tè ann an Leòdhas.

Thatar an dùil a-nis gun tèid Sgoil Staoinibrig a stèidheachadh mar àite anns am faighear foghlam cunbhalach tro mheadhan a' chànan, a' chiad tè dhe seòrsa taobh a-muigh Ghlaschu. Chan eil innte ach sia sgoilear deug, a bha gu lèir a' faighinn foghlam tro mheadhan na Gàidhlig co-dhiù.

Ach, cha deach idir gabhail ris an aon sheòrsa suidheachadh a chur air adhart ann am Breasleit ann an Leòdhas agus theid faighneachd dha pàrantan ann an Càrnis, Uibhist-a-Tuath, am bi iad deònach an stèidheachadh a thoirt dhan sgoil aca-san.

Chaidh beagan de bhriseadh dùil a thoirt do luchd taic a' phrionnsabail oir tha co-dhùnadh na comhairle a' ciallachadh nach fhaighear sgoil gu tur sa Ghàidhlig bho ceann-a-deas na

Hearadh gu Rubha Robhanais, an sgìre a tha am beachd a' chomhairle fhèin mar "chridhe na Gàidhlig".

A rèir a' chomhairliche Aonghas MacCarraig, fear aig nach eil Gàidhlig agus a b' àbhaist a bhith na iar-cheannard sgoile air Sgoil 'Ic Neacail ann an Steòrnabhagh, bu chòir tàmailt a bhith air a' chomhairle nach eil na sgoiltean sònraichte fhathast rin lorg san sgìre.

"Tha fìor iongnadh orm-sa nach eil sgoiltean Gàidhlig againn sna h-Eileanan Siar," thuirt e. "Ann an Glaschu tha a' bhun-sgoil Ghàidhlig air a bhith uabhasach soirbheachail agus tha e cur iongnadh orm gum bi e aca san àrd-sgoil as dèidh an t-samhraidh agus gu bheil sinne fhathast aig an ìre seo.

"Tha an suidheachadh ann am Breasleit coltach ris an suidheachadh ann an Slèite. Tha e tàmailteach an nàimheas a tha air èiridh sna coimhearsnachdan ach tha a' mhòr chuid d'heathaidhean air fiosrachadh ceàrr is dìth-tuigse air a' bhuidhean a th' aig foghlam tro mheadhan a' chànan air clann. Chan urrainn dha

ach am foghlam aca a thoirt air adhart."

Dh'iarr Mgr MacCarraig iomairt fiosrachaidh a chur air dòigh airson aire dhaoine a tharraing chun bhuanachd a tha an lùib foghlaim Gàidhlig.

A rèir cathraiche bòrd sgoile Bhreasleit, Raibeart Stubbington, dh'adhbhraicheadh an gluasad gu sgoil Ghàidhlig sgaradh sa choimhearsnachd. B' e Breasleit a' chiad sgoil a-riamh sna h-eileanan a bha toirt seachad foghlam tro mheadhan na Gàidhlig nuair a thòisich 20 bliadhna air ais.

"Tha am bòrd taiceil dha foghlam Gàidhlig, ach bha iad dhen bheachd gu h-aona-ghuthach nach b' urrainn dhaibh taic a thoirt dhan phoileasaidh seo air sgàth 's an droch bhuidhean a bhiodh aige air a' choimhearsnachd ionadail," thuirt e.

"Tha sinn a' toirt ar làn thaic dha siostam foghlaim tro mheadhan na Gàidhlig mar a tha e andrasta a tha nas fheàrr a thaobh suidheachadh sòisealta agus a bu chòir a leasachadh le goireasan ùra a bharrachd."

na lùib, agus, gu riatanach, chuidicheadh e an gleidheadh.

- 'S urrainn ìrean acadaimigeach a thogail. 'S urrainn dha tidsearan amas air aon mhodal ionnsachaidh co-òrdanaichte ann an sgoil Ghàidhlig. Tha seo air leantainn gu toraidhean deuchainnean air leth anns na deuchainnean nàiseanta agus aithisg mhiorbhaileach bho luchd-sgrùdaidh HMI ([www.hmie.gov.uk/documents/inspection/Glasgow-GaelicPSF29130.html](http://www.hmie.gov.uk/documents/inspection/Glasgow-GaelicPSF29130.html)).

- Tha iad cuideachadh a' dèanamh cinnteach gum bi goireasan leantainneach ri fhao-tainn. Seach gu bheil sgoiltean a-nis againn, tha sin a' tàladh is a' gleidheadh thidsearan is sgoilear-an, agus 's urrainn dùil le sin gum bi cùisean maireannach. Tha seo ga dhèanamh nas fhasa na h-obraichean a lìonadh nuair a bhios daoine tinn, rud nach eil cho furasta ann an ionadan eile.

- Tha iad ag àrdachadh àireamhan FMG. Airson nan adhbharan sin — fileantachd, maireannachd, tàladh thidsearan agus toraidhean deuchainn — tha pàrantan nas dualtaiche FMG a thaghadh agus fuireach leis cho fad 's a tha clann aca ann am foghlam.

- Tha iad nas èifeachdaich. Nuair a tha barrachd theaghlaichean a' taghadh FMG agus tha meud clasaichean a' fàs nas motha tha toradh nan tidsearan ag èirigh. 'S e sgoiltean an dòigh as fheàrr air adhart agus tha iad cumanta a thaobh foghlaim dà-chànanach air feadh an t-saoghail. Tha Alba neo-àbhaisteach oir gu bheil i air cumail ri iondan am broinn sgoiltean airson cho fada.

Tha cuid ag ràdh nach bi e comasach soirbheachas Ghlaschu a chur an sàs anns gach ceàrnaidh de dh'Alba, ach tha Staoinibrig ann an Uibhist a Deas agus Inbhir Nis dol a leantainn an eisimpleir sin sa bhliadhna seo. Bu chòir beachdachadh air sgoiltean air feadh na dùthcha ann am bailtean beag is mòr. Tha grunn chomhairlean aig a bheil sgoiltean beag dùthchail anns nach eil ach beag. San aon dòigh cha bu chòir ar cùlaibh a thionndadh air sgoiltean Gàidhlig airson nan aon adhbharan. Tha dleasan aig luchd dealbh nam



Tha a' chlann a tha air a bhith faighinn làn fhoghlaim tro mheadhan na cànan air a bhith dèanamh uabhasach math ann an deuchainnean nàiseanta

## Buannachdan dà-chànanais

1. Còmhraidh nas fheàrr san teaghlach agus anns a' choimhearsnachd
2. Cothrom air dà chultar
3. Dìon fèin-aithne
4. Fulangas de chànan is chultaran eile
5. Buannachdan eanchainn a. Smuaintean cruthachail c Mothachadh c IQ
6. Leughadh
7. Buannachdan foghlaim
8. Nas fhasa treas cànan a thogail
9. Cothroman obrach
10. Togail fèin earbsa

An t-Ollamh Cailean Baker, Oilthigh na Cuimrigh



Bho chaidh sgoil Ghàidhlig a chruthachadh ann an Glaschu tha mòran buannachdan air a bhith na lùib



# An Gàidheal Òg

## TOIMHSEACHAIN

### 1 Bris an Còd.

#### Clàr A

3	8	3	7	3	14		4	17	7	3	11
11		6	13			9	18		3	7	
14			3		15		1	3	4	3	14
3		3	12	18	5	9	16		3	14	
5	3	4	16				3	14	14		7
10			3	12	2	3	10	3		12	3
16			7	18	3	4	16		10	17	12
13	18	14			6			6	18	10	16
3		18		5	15	16		3		16	
14		3	4				3	5	9		17
		4	16	2	16	17	11	9	3	5	6
	4	16	3			9		16			10

Tha gach àireamh anns a' chlàr a' seasamh airson litrichean san aibideil Ghàidhlig. Tha gach litir a' nochdadh co dhiubh aon turas.

Tha litrichean air innseadh dhut ann an Clàr B, airson toiseach tòiseachaidh dhut. Lion bocsaichean an fheadhainn sin an toiseach.

Leis an eòlas a th'agad air facail Ghàidhlig, obraich a-mach an toimhseachan ann an Clàr A.

An aibideil Gàidhlig :

A B C D E F G H I L M N O P R S T U

#### Clàr B

Airson do chuideachadh a' cumail cuimhne air a' chòd, lion seo a-steach mar a tha thu a' dol air adhart.

1	2	3	4	5	6	7	8	9
		A				R		
10	11	12	13	14	15	16	17	18
						H		

### 2 – Cia mheud facal?

Tha grunnan fhacail Ghaidhlig air falach sa cheàrnaig seo. Faic cia mheud facal a gheibh thu eadar 2 litir agus 4 litrichean. Feumaidh tu a dhol bho aon litir dìreach gu litir eile, a' dol taobh sam bith.

Obraich a-mach cuideachd dè am facal 9 litrichean a tha air falach sa cheàrnaig.

S	A	N
M	E	I
H	A	R

### 3 – Lion am beàrn

Tha agad a-nis ri lionadh a-steach gach beàrn airson tìotal òran a thoirt dhut.

Seo na facail a tha a dhìth ort:

ubhal; cànan; bhàn; cearcall; sìol; ceò ; chrùbach;fraoich; cridhe;òg; bheann.

- \_\_\_\_\_ a' Chuain.
- Eilean \_\_\_\_\_.
- An t-\_\_\_\_\_ as àirde.
- Nuair bha mi \_\_\_\_\_.
- Muile nam fuar \_\_\_\_\_ mòr.
- A' Chailleach \_\_\_\_\_.
- An Eala \_\_\_\_\_.
- \_\_\_\_\_ nan Gaidheal.
- Griogal \_\_\_\_\_.
- \_\_\_\_\_ Ghoraidh.
- Feasgar agus \_\_\_\_\_ ann.

3 Lion am beàrn.  
1.cearcall; 2. fraoich; 3. ubhal; 4. òg; 5. bheann; 6.chrùbach; 7. bhàn; 8. cànan; 9. cridhe; 10. sìol; 11. ceò.

2 Cia mheud facal?  
Facal falaithe: seannhàir  
Facail eile: re,ri,ma,na,as,ar,am,se,n,ear,iar,air,  
eas,mar,sean,mean,ràmh,neas,samh,meas,sear,  
rian, amar, rias.

1	2	3	4	5	6	7	8	9
10	11	12	13	14	15	16	17	18
19	20	21	22	23	24	25	26	27
28	29	30	31	32	33	34	35	36

1. Bris an còd.  
FREAGAIRTEAN

# Eisimpleir de dh'adhartas ann am baile beag Earra Ghaidheil

Tha baile beag ann an Earra Ghaidheil air iomairt a chur aig dòigh gus Gàidhlig a bhrosnachadh agus a neartachadh sa sgìre aca fhèin.

Thèid feasgar fiosrachaidh agus spòrsa a chumail air an 23 den Giblean 2006 ann an Talla Baile na h-Apaimn airson cothrom a thoirt dhan choimhearsnachd barrachd fiosrachaidh a lorg mu chànan agus chultar na Gàidhlig bho bhuidhnean agus daoine a tha an sàs innte.

Chaidh a chur air dòigh le buidhnean ionadail leithid Comann nam Pàrant na h-Apaimn, An Comunn Gàidhealach agus Clas Gàidhlig san Dachaigh.

Dh'èirich am beachd bho chòmhradh ann an clas Gàidhlig

a tha Joy Dunlop, oifigear leasachaidh na Gàidhlig sa sgìre, a' cumail do phàrantan aig nach eil Gàidhlig ach a tha air an cuid-chloinne a chur dhan ionad Ghàidhlig ionadail.

"Si a' cheist a bh' againn, Dè tha dol ann an Apaimn a thaobh na Gàidhlig?" thuirt Joy. "Agus bhon latha seo tha sinn an dòchas iomhaigh a' chànan a thogail agus gun cuir muinntir an àite barrachd eòlais air a' Ghàidhlig agus na cothroman a tha rim faotainn an seo ceangailte rithe."

"Tha taic airson na Gàidhlig a' sìor fhàs agus ged a thathas a' bualadh air an taobh oifigeil gu math tric, tha gluasad a' chànan ri fhaicinn gu h-ionadail cuideachd. Tha luchd na Gàidhlig a-rithist rim faicinn aig cèilidhean

agus cuirmean agus tha iomadh seòrsa cothrom eile ann cuideachd airson Gàidhlig a leudachadh sa choimhearsnachd."

Chaidh taic-airgid a thoirt dhaibh bho bhuidhnean ionadail agus nàiseanta leithid Chomunn na Gàidhlig, tro Gàidhlig sa Choimhearsnachd, Comhairle Earra Ghaidheil agus Bhòid, An Comunn Gàidhealach, coimhearsnachd na h-Apaimn, Co-roinn Ghàidhlig Latharna agus Awards for All.

Ma thathas ag iarraidh barrachd fiosrachaidh mun tachartas seo faodar post-d no fòn a chur gu Joy Dunlop aig [joy@ancomunn.co.uk](mailto:joy@ancomunn.co.uk) no 01631 565475.



Joy Dunlop, aig ceann a' bhuird, agus feadhainn dhe na daoine a tha an-sàs sa phròiseact

## Air chuairt tro na h-eileanan

### Gàirdeachas sna Hearadh

Fhuair uachdarain coimhearsnachd adhbhar gàirdeachais bho chionn ghoirid nuair a fhuair iad seilbh air 7,500 acair a bharrachd.

Chaidh aonta a ruighinn eadar Urras Chinn-a-Tuath na Hearadh agus uachdarain Oighreachd Shìophoirt airson an talamh a reic airson £150,000. Thàinig a' chuid as motha den airgead air an robh feum bho Stòras Fearann na h-Alba.

Tha e a-nis a' ciallachadh gu bheil gach baile ann an ceann-a-tuath na Hearadh bho smachd na coimhearsnachd.

Thuirt cathraiche an Urrais, Calum MacAoidh, gur e "glusad cudromach" a bh' ann, gu h-àraidh dhaibh-san a tha a' fuireach air Oighreachd Shìophoirt.

Thuirt Derek Laidlaw, a tha fuireach air an oighreachd: "Tha seo cudromach dhuinne. Tha e a' ciallachadh gu bheil smachd againn air an oighreachd agus gum faigh sinn smachd air na tha an dàn dhuinn agus na cothroman a thig na lùib."

### Pròiseact nan cidheachan

Tha Comhairle nan Eilean Siar airson ath-leasachadh a thoirt air grunn chidheachan san sgìre gus an dèanamh nas tarraingiche dha turasachd is bàtaichean-seòlaidh.

Tha an iomairt ga chur air dòigh agus gnìomhachas an iasgaich a' crìonadh 's cur-seachadan mara a' fàs nas cumanta.

Tha dà fhichead cidhe sna h-eileanan uile gu lèir, ged nach eil a' mhòr chuid aca sin ach glè bheag. Sa chiad dol a-mach tha a' chomhairle gu bhith ag amas air na còig as motha, le molaidhean gan cur air adhart airson trì aca — Loch nam Madadh, Steòrnabhagh is Loch Baghasdail.

Chan ann leis a' chomhairle fhèin a tha ach Loch nam Madadh, le dùil gun tèid na pròiseac-

tan eile a chur air chois ann an co-bhoinn le Ùgh-darras Calla Steòrnabhagh is Sealladh na Beinne Mhòire, a' bhuidheann coimhearsnachd a tha an dòchas seilbh fhaighinn air Oighreachd Uibhist-a-Deas.

Thuirt oifigear leasachaidh na comhairle, Iain MacLeòid, gu bheil e riatanach seo a ghluasad air adhart gun dàil, oir gu bheil feum air na goireasan a leasachadh airson coimhearsnachd ri na feumalachdan ùra.

Chan eil clàr-ama foirmeil sam bith mun coimhearsnachd, ach tha dùil aon uair 's gum bi cùisean air gluasad ann an Loch nam Madadh, Loch Baghasdail is Steòrnabhagh gun tionndaidh iad an aire gu Bàigh a' Chaisteil is an Tairbeart.

### Leasachadh coille

Tha dùil gun tig ath-nuadhachadh air coille ann an Leòdhas, a chaidh a dhroch mhilleadh, agus a' choimhearsnachd ionadail air an uallach airson a leasachadh a ghabhail os làimh.

Chaidh Coille Ath Linne ann an ceann-a-deas na Loch a cheannach bho Iomairt nan Coilltean airson £72,000, leis a' mhòr chuid dhen airgead a' tighinn bho Stòras Fearann na h-Alba.

Thèid a-nis a ruith le Urras Eriosort, a'

bhuidheann leasachaidh ionadail.

Thuirt oifigear an urrais, Coinneach MacAoidh: "Tha cothrom an seo rudeigin a dhèanamh nach eil an àite sam bith eile sna h-eileanan, chan ann dìreach a-thaobh daoine a thoirt a-steach dhan sgìre againn fhèin, ach le bhith tòirt daoine bho thìr-mòr is eileanan eile a-steach dha na h-Eileanan Siar."



**CROFTERS COMMISSION**

UGHDARRAS NAN CROITEARAN  
SO BLIADHNA A' TOIRT TAIC DO CHROITEARACHD



Lùb a' Chaisteil, Inbhirnis IV2 3EQ  
Fòn: (01463) 663450 facs: (01463) 711820  
Post-d: [info@crofterscommission.org.uk](mailto:info@crofterscommission.org.uk)  
Lion: [www.crofterscommission.org.uk](http://www.crofterscommission.org.uk)

**anLanntair** **Na caill e!**

**TAISBEANAIDHEAN**  
Grinneas nan Eilean, bho 17 Giblean.  
Taisbeanadh bliadhnail fosgailte nan eilean le ealain & luchd-ealain bho Rubha Robhanais gu Barraigh.

**TACHARTASAN BEÒ**  
Òraid mu Eilean Tory, 17 Giblean, 7.30f, £3, £5. Cunntas dealbhaichte bho Alasdair MacEachainn de eachdraidh Eilean Tory.  
Bill Wells & Ceòl Iapanach, 18 Giblean, 8.00f, £10, £8, £7. Prògram de cheòl annasach ùr jazz.  
Sealskin Trousers, 22 Giblean, 7.30f, £5, £3.50. Sealladh theatre dhan teaghlach.  
Consairt Jazz, 29 Giblean, 7.30f, £5/£3.50  
Consairt sampaill le luchd-ciùil ionadail.

**TAIGH-DHEALBH - GIBLEAN**

6.7.8	Zathura Space Adventure & Hidden
12.13.14	Howl's Moving Castle & Munich
25	Lewis Film Society "Crash"
27.28	Brokeback Mountain

Ticeadan & fiosrachaidh 01851 703 307  
[www.lanntair.com](http://www.lanntair.com)



### Tairgsean gan sireadh airson làrach-lìn Tenders sought for Website

Tha Colmcille a' sireadh tairgsean airson làrach-lìn ùr tri-chànanach a dealbhachadh  
Colmcille is seeking tenders for the design of a new trilingual website

Feumar tairgsean a bhith a-staigh ro 25mh An Giblean 2006.  
Proposals will be accepted no later than 25 April 2006

Tuilleadh fiosrachaidh/Further information:  
Maolcholaim Scott, 6-10 Sràid Uilleam,  
Beal Feirste BT1 1PR  
Fòn 028 90238293 post-dealain  
[ccille.ultach@cinni.org](mailto:ccille.ultach@cinni.org) [www.colmcille.net](http://www.colmcille.net)



# Duilleag Na Camanachd

## Spòrs dùthchasach nan Gaidheal ga thaisbeanadh aig geamachan eadar-nàiseanta?

**M**a shoirbhicheas le iomairt Ghlaschu son Geamannan a' Cho-Fhlaitheis a thoirt do dh'Alba ann an 2014, tha dòchas air nochdadh gun urrainn do shaoghal na Camanachd a bhith aig cridhe chùisean, mar spòrs taisbeanaidh.

A' coinneachadh ri Buill-Phàrlamaid bho Chomataidh Spòrs na Pàrlamaid ann an Dùn Eideann bho chionn ghoirid, chaidh iarrtas a chur mun coinneimh le riochdairean Comann na Camanachd gum bu chòir taic a chur ris an iarrtas inbhe na Camanachd ann an cultar is spòrs na h-Alba aithneachadh gu foirmeil tro na Geamannan.

Le na Geamannan mòra dìreach air tighinn gu ceann am Melbourne, agus fìor dheagh naidheachd air nochdadh do spòrs an Alba le mar chaidh le luchd-snàimh gu h-àraidh, tha Comann na Camanachd a-nis an dòchas gun tèid aca air còraichean na camanachd a sheasamh is gun tèid aca air taic fhaighinn son a' ghluasaid.

Thuirtd Ridseard Tulloch a bha a' libhrigeadh chùisean do na Buill: "Tha sinn uile mothachail air an àite a th' aig Camanachd an Alba ri taobh Goilf is Cluich-deighe; ach chan eil dùthaich eile sa Cho-Fhlaitheis aig a bheil trì spòrsan coltach riutha, agus a tha cho àraidh air feadh an t-saoghail. Tha sinn a' toirt ar làn-thaic mar Chomann dhan oidhirp na Geamannan fhèin a thoirt a Ghlaschu, agus 's e rud air leth, agus eachdraidheil a bhiodh ann nan rachadh againn air a bhith nar pàirt de na geamannan, fìu 's aig an fhoghladh, ach an uairsin mar spòrs taisbeanaidh, far am faig-



headh daoine bho air feadh an t-saoghail an cothrom beagan fhaicinn, agus 's docha caman fheuchainn."

Le pàirt mòr a-nis gu bhith aig Camanachd ann am Bliadhna Chultarail na Gàidhealtachd ann

an 2007, tha dòchas mòr ann gun tèid gu math leis an oidhirp a tha seo, agus co aige tha fhios nach fhaic sinn latha brèagha de na làithean a-rithist camanachd air sràidean Ghlaschu, dìreach mar a bha e ri linn Màiri Mhòir.

Thatar an dòchas gum bi an seòrsa seo cluiche seo ri fhaicinn aig Geamachan a' Cho-laitheis, ma thig iad an Glaschu

## Cupa ùr air an t-slighe airson an duais luachmhor a dhìon

**T**ha Comann na Camanachd a' beachdachadh air leth-bhreac ùr a dhèanamh de Chupa na Camanachd an dèidh ceistean nochdadh mu cho sàbhailte is tèarainte 's a tha e a bhith a' dèiligeadh ris a' Chupa san latha th'ann.

Thèid cluich son a' chupa son an 99mh bliadhna san Dàmhair an Dùn Omhain, agus tha an Cupa aig an dearbh mhionaid an New York ga shealltainn aig Seachdain an Tartain. Chan eil fada bho chaidh a chàradh agus ath-nuadhachadh agus an ceann bliadhna bidh aire dhaoine a-rithist air a' chupa agus e na phrìomh tharraing aig Bliadhna Chultarail na Gàidhealtachd.

Chaidh cluich son a' chupa son a' chiad turas riamh ann an 1896, an dèidh dhan chompanaidh-airgid ainmeil an Dùn Eideann Hamilton agus Inches a chruthachadh. Tha an Cupa an-diugh cho eireachdail ri Cupa sam bith a tha ann an Saoghal spòrs na h-Alba, agus leis an seòrsa obrach a chaidh a dhèanamh air, agus an seòrsa sgil a chaidh a chleachdadh son a' ghniomh, 's e call mòr a bhiodh ann nan tachradh càil dha, agus gu seachd àraidh dhan mhullach air leth a th'air, le cluicheadair is caman aige a' toirt breab air ball.

Thuirtd Ceann Suidhe Comann na Camanachd Iain Mac-

Coinnich, a bhuinnig an cupa e fhèin 10 tursan còmhla ri Bail Ùr an t-Slèibh: "Cha ghabh luach a chur air a' Chupa ann an dòigh. Tha luchd arrachais ag ràdh gu bheil e luach £30,000 ach dè am feum a bhiodh sin nan rachadh a chall no a dhroch mhilleadh. 'S i firinn na cùise nach gabh an cupa dèanamh a-rithist ge boill dhan h-uile duine, agus tha e iomchaidh gun toireamaid suil air dè mar a ghabhas a chumail gu tèarainte. Sin an dileab a chaidh fhàgail againn agus bhiomaid ceàrr mur gabhamaid aire dhen sin."

Thèid Comann na Camanachd a-nis a rannsachadh cùisean feuch dè chosgadh e leth-bhreac ùr a dhèanamh dhen cupa. 'S e sin rud a tha saoghal ball-coise air a dhèanamh mar-thà le farpaisean ball-coise. Agus bhiodh sin a' ciallachadh nach biodh cùisean buileach cho èiginneach nan rachadh an Cupa air seachran, mar a thachair — a rèir aithris — nuair ghlèidh na Sgitheanaich an Cupa ann an 1990, agus a chaidh a lorg an teis mheadhain Phort Rìgh madainn na Sàbaid, is gu duine faisg air. 'S dòcha nach robh fhios aig duine dè bh' ann!

## Companaidh mòr nàiseanta a' cur taic ris a' gheam

**T**ha ainm ùr co-cheangailte ri Cupa na Camanachd — Scottish Hydro Electric — a th' air aontachadh taic a chumail ri prìomh fharpais na Camanachd son an dà bhliadhna a tha romhainn. Seo fear de na companaidhean as motha an Alba, agus chaidh gairdeachas mòr a dhèanamh ris an naidheachd gu bheil leithid de chompanaidh deònach an taic a chumail ri Saoghal na Camanachd.

Tha Scottish Hydro Electric a' gabhail àite Glenmorangie, a bha nan luchd-taic do shaoghal na Camanachd fad 29 bliadhna, agus a tha a-nis a' tighinn fo sgèith chompanaidh eadar-nàiseanta eile.

Ann an saoghal far a bheil leithid an SPL agus SFL a' call luchd-taic air feadh gach farpais a th'aca, 's e fìor dheagh naidheachd a tha seo do shaoghal na Camanachd, gu seachd-àraidh an dèidh do Ghlenmorangie a bhith còmhla ris a' Chomann cho fada.

Cha robh Comann na Camanachd deònach cus a ràdh mu na suimean airgid a tha an co-cheangal ris a' chùmhnannt ùr aig an ìre seo, no innse dè mar a thèid an t-airgead ùr a chosg, ach tha e coltach gur e fìor dheagh bhar-

gan a chaidh a bhuinnig agus gun tig piseach mòr air mogan a' Chomann air sgàth is na thachair.

Tha feum air a h-uile sgillinn ged-thà, agus tha cosgaisean mòra mu choinneimh luchd-riaghlaidh Comann na Camanachd san latha th'ann, gu h-àraidh ma thathas a' dol a leasachadh a' gheama ann an sgìrean ùra, gun tighinn air na cosgaisean a tha an lùib a bhith a' cumail a' gheama a' dol aig an ìre aig a bheil e.

Nochdaidh ainm Scottish Hydro Electric an lùib a' Chupa bho seo a-mach agus mar-thà tha sin air a bhith follaiseach bhon chaidh a' chiad chuairt a chur air dòigh bho chionn ghoirid. Thèid na geamannan sin a chluich air 13 Cèitean, agus tha e coltach gun tèid na geamannan son na dara cuairt a tharraing beò air an telebhisean an t-seachdain an dèidh sin, ann am prògram ùr telebhisein a tha, a rèir aithris, a' dol a nochdadh agus a bheir spòrs air a' Ghàidhealtachd gu saoghal ùr eile.

Tha a' chompanaidh Scottish Hydro Electric air aontachadh taic a thoirt dha prìomh fharpais a' gheama



## Sgeama airson teach a-steach na sgiobaidhean àrdachahadh

**T**ha tiocaiden an-asgaidh rim faighinn do sgiobaidhean Comann na Camanachd ma thèid aca air còignear bhall an urra a lorg son stòras a' Mhilleannium, a th' a' biadhadh ionmhas a tha a' cumail taic ri leasachaidhean òigridh sa ghèam.

Gheibh gach sgioba a lorgas còignear bhall ùra dà thiocaid an-asgaidh son Cuairt Dheireannach Cupa na Camanachd ann an Dùn Omhain san Dàmhair. Agus thèid an t-airgead ùr a thèid a thogail a chur ri leasachadh camanachd son òigridh agus Comann na Camanachd a' gabhail os làimh Stòras a' Mhilleannium a riaghladh.

Gu ruige seo 's ann fo stiùireadh chomataidh fa-leth bhon Chomann a bha an Stòras, agus a-nis thèid an t-airgead a tha air a chruinneachadh an lùib an stòrais a thoirt do Chomann na Camanachd son leasachaidhean a ghluasad air adhart.

Thuirtd neach labhairt bhon Bhòrd-Stiùiridh: "Tha sinn mothachail nach robh a' dol cho math 's a bu chòir leis

an stòras anns na bliadhnaichean a chaidh seachad agus tha sinn dhen bharrail gu bheil còir aig barrachd bhall a bhith ann na an 80 neach a tha ga chumail a' dol an-dràsta. Tha gach neach a tha san fharpais a' pàigheadh £4 gach mìos agus tha sin a' toirt cothrom suas gu £100 sa mhios a bhuinnig.

"Tha dùil againn na suimean airgid sin a thogail agus duaisean ùra eile a chur an sàs cuideachd. Leis an sin, bu chòir gum biodh seo air leth tarraingeach, ged a tha sinn mothachail cuideachd gu bheil dòighean eile aig sgiobaidhean fa-leth a bhith a' cruinneachadh an cuid airgid fhèin. Chan ann a' stri ri sin a tha sinn idir ach a' feuchainn ri cur ris an stòras a th' ann air fad."

Ma thèid aig sgioba sam bith air còignear bhall ùra a lorg son an stòrais ùir, chan eil aca ach na h-ainmean agus seòlaidhean a chur gu prìomh oifis Comann na Camanachd anns a' Ghearasdan agus nì luchd-obrach a' Chomann fhèin an còrr.



# Beachd

## A' tionndadh ar cùlaibh ri dualchas prìseil an Tìghearna



Le Aonghas Pàdraig Caimbeul

Dhan chuid as fheàrr againn tha am facal 'Sàbaid' duilich a mhineachadh. Tha Dwelly fhèin ga eadar-theangachadh dìreach mar "The Sabbath", 's mar sin chaidh mi gu Faclair Mòr Oxford, feuch dè am mineachadh a th' acasan air.

'S tha sin ag ràdh "Sabbath — a day of rest and religious observance kept by Christians on Sunday, Jews on Saturday, and Muslims on Friday".

Chaidh mi an uairsin gu aon dhe na Faclairean Diadhaidh a th' agam air an sgeilp an seo — The Illustrated Bible Dictionary a th' ann — feuch dè bha sin ag ràdh mun fhacal. 'S cha bheag sin, a' ruith thairis trì duilleagan.

Gun a thoirt dhuibh air fad, tha e ag ràdh: "Sabbath (Hebrew sabbat, from the root sabat, 'to cease', 'to desist'). In the Bible the principle is laid down that one day in seven is to be observed as a day holy to God. From the reason given for keeping the sabbath day in the Ten Commandments we learn that the example for the sabbath day has been set by God himself in the creation. The sabbath therefore is a creation ordinance (Exodus 20:8-11)".

Nas cudromaiche buileach tha am Bioball fhèin agus na Deich Àithnean (nì a tha na bhunait chan ann a-mhàin air a' Chrìosdaidheachd ach air iomadh cultar eile). Tha an Ceathramh Àithne a' leughadh: "Cuimhnich là na sàbaid a naomhachadh. Sia làithean saothraichidh tu, agus nì thu d' obair uile. Ach air an t-seachdamh là tha sàbaid an Tìghearna do Dhia: air an là sin na dèan obair sam bith, thu fhèin, no do mhac, no do nighean, d' òglach, no do bhanoglach, no d' ainmhidh, no do choigreach a tha an taobh a-staigh ded gheatachan: Oir ann an sia làithean rinn an Tìghearna na nèamhan agus an talamh, an fhaire, agus gach nì a tha ann; agus ghabh e fois air an t-seachdamh là: air an adhbhar sin, bheannaich an Tìghearna là na sàbaid, agus naomhaich e."

Tha fhios 'am gu bheil sin a' togail a' cheart uimhir de cheistean 's a tha e a' freagairt. Anns a' chiad dhol a-mach, dè mur eil thu a' creidsinn ann an Dia idir? Mur eil, carson a chreideadh tu na Shàbaid, no anns na h-àithnean eile? Mur eil àithne na sàbaid a' seasamh, carson a bhiodh an àithne an aghaidh muirt, no adhaltranais, no goid, no eile? An e pick-and-mix a th' againn air fhàgail: a' cumail ri àithnean as toigh leinn 's a tha 'contemporary' agus a' taomadh às an fheadhainn nach eil 'freagarrach' airson astar-beatha 2006? Moral-tachd an iris Cosmopolitan no an Daily Record no ar moral-tachd shòisealta ghleasach fhèin, seach na seann rudan aosta sin?

Anns an dara àite, fiù 's ged a bhiodh tu a' creidsinn ann an Dia, tha seo ri fhaighneachd: a bheil òrdaighean a' chruthachaidh ("creation ordinances") a' seasamh gu sìorraidh? A bheil iad cho riatanach ann an linn an Tìomnaidh Nuaidh 's a bha iad

ann an linn an t-Seann Thiomnaidh? A bheil iad a' seasamh os dèidh Chrìosd is Chalbharaigh, air neo an deach an coileanadh < an sguabadh às — aig Calbharaigh? A bheil an lagh fhathast a' seasamh fo ghràs?

Anns an treas àite, fiù 's ged a fhreagradh tu "Tha" do gach ceist sin, dè mu dheidhinn an tionndaidh sin eile far a bheil sàbaid dhiofraichte aig gach treubh, eadar Dihaoine 's Disathairne 's Didòmhnaich? Nach eil an t-Sàbaid air a cumail sa chridhe seach anns an lagh? Nach urrainn dhut a' cumail dhut fhèin, gu prìobhaideach, a dh' aindeoin 's dè a tha an saoghal mòr a' dèanamh, air Dihaoine no Disathairne no Didòmhnaich? Nach eil dol dhan eaglais sa mhadainn gu leòr, ged a chluicheadh tu ball-coise no ged a rachadh tu dhan Eastgate Centre no air aiseag Chal-Mac dha na Hearadh no dh' àite sam bith eile air an fheasgar?

Agus anns a' cheathramh àite, tha a' cheist mhòr sin mu shaorsa: carson a bu chòir mo chreideamh-sa (no gu dearbha do chreideamh-sa) do shaorsa-sa a chuingeachadh? Ge brith dè tha mise a' creidsinn mun t-Sàbaid (no mu adhaltranais no eile), nach eil a' cheart uimhir de chòir aig an duine eile na chreideas esan mun t-Sàbaid a chumail 's a ghleidheadh, gun mise a bhith na prìthead? Ma tha mise airson an t-Sàbaid a chumail (mar a thà), carson a chuireadh sin stad air daoine eile siubhal far an togair iad, nuair a thogras iad no a dhol gu taigh-seinnse no bùth no eile nuair a thogras iad, far an togair iad.

'S e ceistean mòra a tha sin, 's chan eil iad furasta am freagairt, ged a nì mi oidhirp an seo coimhead air cuid dhiubh co-dhiù.

Dhomh fhìn dheth, tha Dia ann, agus saoilidh mi gu bheil Òrdaighean a' Chruthachaidh a' seasamh fhathast, agus gu sìorraidh. Ann an Crìosd, chaidh an t-Seann Thiomnaidh agus gach lagh is gràs a bha ceangailte ris a choileanadh gu tur, agus mar sin dhòmhsa dheth 's e Crìosd fhèin coileanadh na Sàbaid. Le sin, tha mi a' ciallachadh gur e Crìosd an t-Sàbaid agus gur e an t-Sàbaid Crìosd, agus le bhith a' briseadh na sàbaid tha thu a' briseadh Crìosd, agus le bhith a' briseadh Crìosd (tro pheacadh) tha thu a' briseadh na sàbaid.

Nas motha na sin, on is e Dia tùs agus èis gach nì, agus on a chaidh gach nì air thalamh agus air nèamh (agus an ifrinn) a chur fo ùghdarras Chrìosd, tha fhios gu bheil sin cuideachd a' cial-

lachadh gu bheil gach Sàbaid agus gach latha seachdaineach eile a th' ann gu slàn fo ùghdarras Chrìosd. Mar sin, dh' fhaodadh tu a ràdh gu bheil gach là < gach diog dhe gach mìonaid dhe gach latha < air an coisrighidh gu Crìosd. Dh' fhaodadh tu a ràdh, ann an dòigh, gur e Sàbaid a tha anns gach latha ann an Crìosd, air a chur ma seach ann an diofar dhòighean gu adhradh, naomhachd agus seirbheis.

Mar sin dheth, tha Diluain a cheart cho coisrighidh ri Didòmhnaich, Dimàirt a cheart cho naomh ri Dihaoine, Diciadain a cheart cho math a chum seirbheis dhan Tìghearna 's a tha Disathairne, Diardaoin a cheart cho sònraichte ri latha sam bith eile.

Gun teagamh sam bith, tha dileastanasan mòra làitheil òirn uile air na làithean seachdaineach, anns an àbhaist. Feumaidh sinn uile obair ("Am fallas do ghnùise ithidh tu aran, agus an till thu a dh' ionnsaigh na talmhainn: Gen 3:19), 's chan eil teagamh sam bith gu feum bùithtean is taighean-bidhe is eile a bhith fosgailte son an t-saothair sin a choileanadh.

Ach am feum iad a bhith fosgailte gun sgar 24 uairean san latha, seachd latha san t-seachdain? Nach eil sia làithean (ge brith dè na làithean a tha sin) gu leòr dhuinn uile? Nach eil Naoi gu Còig còig làithean san t-seachdain agus an uairsin Pittodrie is na bùithtean (air neo Ibrox is na bùithtean air neo Parkhead is na bùithtean, no fiù 's Pàire nan Laoch agus na bùithtean) air an Disathairne gu leòr dhuinn?

Fòghnaidh na dh' fhòghnas, mar a chanadh mo mhàthair nach maireann.

'S e a tha air tachairt gu bheil Didòmhnaich a-nis dìreach mar latha sam bith eile dhen t-seachdain airson a' mhòr-chuid. Tha na bùithtean a-nis fada nas trainge na bha eaglais a-riamh. 'S e na shopping-centres Team-pallan Nuadh na 21mh linn. Na shopping-malls cùirtean nan eaglaisean ùra saoghalta. Eaglaisean a' Chalpachais, le na diathan nan sreathan anns a' mhargaidh dìreach mar a bha iad ann am Baile na h-Àithne nuair a thadhail Pòl: na diathan beaga sin ris an can iad Kentucky Fried, no MacDonald's, no Reebok no eile. Iodhalan an airgid 's a' phrothaid.

Chan e 'Saorsa' a tha stiùireadh chùisean, ach Calpachas, agus Calpachas a-mhàin.

Saoilidh mi gur e call mòr a th' ann gu bheil sinn uile a' sìor dol ri sruth a' chalpachais. Gu bheil

sinn cho deònach gabhail ri saoghal a tha air a stiùireadh le margaidheachd agus reic is ceannachd, air fhalach fon ainm 'saorsa'. Gu bheil sinn nar ruith a bhith ag iarraidh a bhith coltach ris an còrr dhen t-saoghal, nan dòighean, nan cleachdaidhean, nam fasanan, nam feallsanachd, nan cainnt.

Saoghal mòr na Beurla, fhad 's a tha sinn aige. Nach truaigh cho deònach 's a tha sinn a bhith frithealadh biast mhòr a' chruinneachais, agus cùl a chur ri ar dòighean fhèin. Ri ar cànan, ar cleachdaidhean agus ar sìth.

'S dòcha gum bi sinn fhathast a' caoidh nan seann làithean, mus deach ar sàbaid ris an t-sruth. Ach nach math, aig a' cheann thall, gu bheil Fear-Saoraidh againn, a mhaitheas (nuair a dh'iarras sinn gu dùrachdach) gach briseadh a rinn sinn air a shaoghal-san a bha cho coileanta agus foirfe, a bha cho sìtheil agus torrach, seachd latha san t-seachdain.



Saoghal mòr na Beurla, fhad

's a tha sinn aige. Nach truaigh cho deònach 's a tha sinn

a bhith frithealadh biast mhòr

a' chruinneachais, agus cùl a

chur ri ar dòighean fhèin. Ri ar

cànan, ar cleachdaidhean

agus ar sìth.



# An Gàidheal Ùr

Tha Comhairle na Gàidhealtachd ann an suidheachadh neònach. Air aon làimh, gach cothrom a gheibh iad tha iad ag èigheachd àrd an clagainn mu cho dàimheil 's a tha iad dhan Ghàidhlig agus na tha iad a' dèanamh air a son. Agus tha cuid a dhearbhadh air an seo: mar sgoil Ghàidhlig ùr Inbhir Nis, mar eisimpleir, a tha mu dheireadh thall a' dol air adhart.

Ach, tha nàimhdeas dhan Ghàidhlig fhathast a' laighe ann an grunn chùiltean dorch na comhairle agus e a' tighinn am bàrr bho àm gu àm, ro thrì dha-rìribh. Cha mhòr gu bheil leasachadh ga chur air adhart ann an ainm na Gàidhlig san sgìre nach eil comhairliche air choreigin a' cur air adhart argamaid na aghaidh — mar na soidhichnean rathaid dà-chànanach ann an Gallaibh is Inbhir Nis, far na dhiùlt comhairlichean gabhail riutha buileach glan, no sabaid an aghaidh ionad, beag ùr a stèidheachadh ann an Inbhir Narainn.

Bu chòir sùil a thoirt air prìomh bhaile na Gàidhealtachd againn fhèin an coimeas ri prìomh bhaile Gàidhealtachd na h-Eireann, Gallaibh. Dà bhaile timcheall air an aon mheud air an cuairteachadh le sgìrean Gàidhealach agus a' sìor dol am meud ag astar cho luath ri baile sam bith eile san Roinn Eòrpa. Ach, sin far am feum an coimeas stad, tha eagal òirn, oir a thaobh spiorad Gàidhealach no cultar tha iad cho eadar-dhealaichte ris an là 's an oidhliche.

Chan urrainn dhut làrach ceum fhàgail ann an Gaillimh gun a bhith air do bheò-ghla-

cadh le ceòl Gàidhealach, le cànan agus cultar beòthail. Ann an Inbhir Nis, chan fhaodar fiù 's soidhne Ghàidhlig a chur suas air an sràidean. Agus ma chluinnear Ghàidhlig air bilean an t-sluaigh 's e suidheachadh neo-àbhaisteach dha-rìribh a th' ann.

Tha na comhairlichean a dh'iarr an com-pàirteachan a tha a' cur an aghaidh na Gàidhlig a mhaslachadh is an ceannachadh rim moladh. Ach, 's i firinn na cùise nach biodh na comhairlichean seo a' cur air adhart an t-seòrsa beachdan gun bhrìgh sin mur a biodh fios aca gun robh co-dhiù àireamh mhath de dhaoine dhen aon bheachd. Agus cho fad 's gu bheil sin ann bidh comhairlichean ann a bhios deònach àrd-ùrlar a thoirt dha na h-argamaidean. Tha e follaiseach gu bheil sinn fada air dheireadh air Gallaibh. Agus, gus an atharraich beachdan aig ire bhunaiteach ann an coimhearsnachdan mar Inbhir Nis, fuirichidh sin mar a tha e. Feumar argamaidean faoin nan comhairlichean a choinneachadh, gun teagamh sam bith, ach nas cudromaiche feumaidh barrachd oidhirp a bhith ga dhèanamh aig ire bhunaiteach airson beachdan dhaoine atharrachadh agus a thoirt gu taobh na Gàidhlig. Gus an tachair sin chan eil tagradh leithid Inbhir Nis mar "prìomh bhaile na Gàidhealtachd" ach faoin.

Chan eil fhios bhon ghrèin dè a' Ghàidhlig a th' air "offside" no "indirect free-kick", ach chan eil e gu cus diofar, oir tha e na thogail miorbhaileach gu bheil dol a dh'fheuchainn ri farpais ball-coise tro mheadhan na Gàidhlig a chur air adhart.

Bu chòir Eòin Kelly, an tidsear a tha air cùlaibh an tachartais seo, a mholadh gu mòr. Tha e air lèirsinn a shealltainn agus dealas nach beag agus bidh sinn uile beò an dòchas gun shoirbhich leis.

Tha am prionnsabal a tha e cur air adhart furasta a thuigsinn, ach nas duilghe a chur an sàs. Feumar cothroman a thoirt dhan òigridh a' Ghàidhlig a chleachdadh ann an suidheachadh àbhaisteach neo-

fhoirmeil, biodh sin a' cluiche ball-coise no a' magadh air a chèile. An-dràsta, tha i cus air a cuingalachadh am broinn an t-seòmair clasa agus tha oidhirp a dhith gus sin atharrachadh.

Cha bhì e furasta a thoirt gu buil. Tha a' chlann ro dheònach tuiteam air ais don Bheurla nuair a tha iad a' dèanamh rudan mar cluiche ball-coise, ach nam faighear air am brosnachadh agus sealltainn dhaibh nach eil càil ceàrr air Gàidhlig a bhruidhinn gur bith dè an suidheachadh, 's e ceum air adhart a bhios ann gun teagamh. Tha sinn uile an dòchas gun tèid math do Mhgr Kelly.

An Gàidheal Ùr

Ainm .....

Seòlach .....

Orduigh Postachd .....

Breatainn	£20.00	<input type="checkbox"/>
An Roinn-Eòrpa post-adhair	£25.00	<input type="checkbox"/>
Zone 1 post-adhair	£30.00	<input type="checkbox"/>
Zone 2 post-adhair	£35.00	<input type="checkbox"/>

Deànaibh seicean a-mach gu An Gàidheal Ùr mas e ur toil e.

Ainm Sgrìobhte .....

Tillich seo gu: An Gàidheal Ùr, Taigh a' Mhorair Leverhulme, Ceàrnag Phearsabhail, Steòrnabhagh, Eilean Leòdhais HS1 2DD

## Litrichean gu:

Taigh a' Mhorair Leverhulme  
Ceàrnag Phearsabhail  
Steòrnabhagh  
Eilean Leòdhais  
HS1 2DD

Fòn: 01851 703487  
Facs: 01851 706467

### Duais Eòrpa a' cur ri inbhe a' phrògraim

Cha robh mòran de sgeulachdan ann an 2004 a chuir barrachd uabhais air muinntir na Roinn Eòrpa na an tachartas aig sgoil ann an baile Beslan anns an Ruis. Chaidh faisg air dà cheud sgoilear a mharbhadh. Clann òga, neochiontach air an glacadh gu brùideil san t-stri eadar feadhainn à Chechnya is Ingushetia air aon taobh agus an Ruis air an taobh eile.

B' ann a' eachdraidh dhuilich thoinnte stàitean an t-seann USSR a dh'èirich a' chùis. Bha sgaraidhean poilitigeach 's creidmheach eadar stàitean mar Chechnya agus Ingushetia agus àite mar North Ossetia, a bha fhathast na pàirt den Chaidreachas Ruiseanach.

Bha 30 ceannarcach armaichte - a' mhòr chuid dhiubh à Chechnya agus Ingushetia air an sgoil ann am Beslan ann an Ossetia a Tuath a thoirt an bruid. San sgoil an latha sin, bha còrr air mìle neach. A bharrachd air sgoilear-an is tidsearan, bha pàrantan air cruinneachadh son là sònraichte aig an sgoil.

Thàinig a'chùis gu ceann leis na ceannarcaich is feachdan na Ruis a' sabaid ri chèile air làrach na sgoile. Eadar clann is inbhich, fhuair co-dhiù 330 am bàs san sgrìos.

As dèidh a' mharbhadh, bha casaidean làidir air a thilgeil bho gach taobh sa ghnothach. Chaidh reubaltaich Chechnya agus feadhainn à Ingushetia a choireachadh. An toiseach, bha riaghaltas na Ruis ag innse gu robh Al-Qaeda an sàs gu mòr san

ionnsaigh air an sgoil le Arabaich a' gabhail pàirt.

Bliadhna as dèidh na sgrìos aig an sgoil, chaidh sgioba Eòrpa air ais a Ossetia a Tuath son faighinn a-mach ciamar a bha a' choimhearsnachd air dèiligeadh ris an uabhas a thàinig orra.

Choisinn am prògram a rinn sgioba Eòrpa an duais son a' phrògraim aithrisich a b'fhearr aig Fèis Fiolm is Telebhisein Nan Dùthchannan Ceilteach sa Chòrn.

Chaidh am prògram a stiùireadh le Dòmhnall MacLeòid agus bha Shona Mhoireasdan ga aithris. Chaidh am prògram a rannsachadh le Maureen NicLeòid, Caitriona NicFhionghuin agus Cailean MacLeòid bho sgioba Eòrpa.

Ann an Beslan, chunnaic Shona is Dòmhnall coimhearsnachd a bha a'faighinn seachad air an uabhas ann an iomadach dòigh, ach coimhearsnachd a bha, aig ìre eile, air a sgaradh le fearg 's mìthoileachas 's amharas.

Bha buidheann de mhàthraichean air tighinn còmhla is iad ag iarraidh freagairtean ceart mu ciamar a fhuair 30 ceannarcach le gunnaichean dhan bhaile is dhan sgoil.

Bha iad amharasach mun riaghaltas aca fhèin agus mun dìth-fiosrachaidh a bha ri fhao-tainn bho na h-ùghdarrasan oifigeil.

Agus bha sgaraidhean sa choimhearsnachd fhèin, le cuid de phàrantan a' tionndadh an aghaidh cuid de thidsearan na sgoile, a' fàgail orra nach do



Neach-aithris a' phrògraim, Shona Mhoireasdan, is an stiùiriche, Dòmhnall MacLeòid, leis an duais

chuidich iad a'chlann mar bha còir agus gur dòcha gu robh feadhainn fiù 's a' cuideachadh nan ceannarcach.

B' e aithris chumhachdach a bh'ann a thug buaidh air a h-uile duine san sgioba a bha an sàs ann.

Agus mar a dhearbhadh na brithemhan aig an Fhèis Cheiltich b' e prògram làidir a bh'ann a thug buaidh air an luchd-amhairc a chunnaic e.

Norrie MacIlleinein, àrd riochdaire

### Colin 's a' chù a' faighinn duais

Sann mu dheidhinn balach - Colin - agus an cù aige - Cumberland - a tha an làrach-lìn seo.

Tha comas-labhairt Gàidhlig aig a' chù ged-tà agus tha na geamaichean air an làrach-lìn ag innse mu na rudan annasach a tha a' tachairt do Chailean 's Cumberland bho là gu là.

'S i làrach-lìn, bheòthail, dhathach a th' innnte agus chaidh a comharrachadh aig an Fhèis Cheiltich leis an duais son na làraich a b'fhearr.

Feumar an duais a roinn eadar na trì dùthchannan a tha an sàs sa phròiseict - Alba, a' Chuimrigh agus Èirinn.

Tha a' phròiseact ag amas air feadhainn a tha ag ionnsachadh Gàidhlig no Cuimris no Gaelige, le abairtean simplidh air a thoirt seachad ann an sgeulachdan eibhinn is tarraingeach. An cois na làraich, tha liostaichean de fhaclan feumail.

Anns a'Chòrn son an duais a thogail, bha Janet NicIomhair a tha riochdachadh Colin 's Cumberland do BhBC Alba.

### Sgeama ionnsachaidh ùr do sgoilearan na Gàidhlig



#### Dè a th' ann am Bitesize?

Mas e tidsear a th' annad no sgoilear ann an àrd-sgoil a tha air a dhol tro dheuchainn aig Ìre Choitcheann no Àrd Ìre faodaidh tu do ghàirdnean a chur sìos.

Ach dhuibhse air nach eil an t-uallach mòr seo air laighe o chionn greis 's e goireas sònraichte do sgoilearan a th' ann am Bitesize agus tha e ri fhao-tainn air làrach-lìn a' BhBC aig <http://www.bbc.co.uk/schools/re-vision>.

Tha ochd bliadhna bho nochd Bitesize an toiseach agus bhon uair sin tha e air taic a thoirt do mhiltean de sgoilearan a tha ag ullachadh airson nan deuchainnean. Agus a-nis airson a' chiad uair tha an taic sin ann do sgoilearan a tha a' dèanamh Gàidhlig aig Àrd Ìre.

'S e amas na làraich stiùireadh a thoirt do na sgoilearan mun dòigh anns am bu chòir dhaibh dèiligeadh le ceistean nan deuchainnean. Gheibh iad cuideachd fiosrachadh mu dè dreach a tha an neach-ceas-nachaidh a' sireadh anns na frea-

gairtean aca. Tha seo air a dèanamh ann an greimean beaga "Bitesize"; greimean "ath-sgrùdaidh" agus greimean "deuchainn". Tha seo ga dèanamh tarraingeach agus furasta a chleachdadh, a' ciallachadh gu faodar beagan obair a dèanamh an-dràsta 's a-rithist.

Tha Bitesize Gàidhlig ann an trì roinnean, a' leantainn nam pàipearan a bhios na sgoilearan a' suidhe aig deireadh a' Chèitein; sin Leughadh, Sgrìobhadh agus Èisteachd. Tha na h-aon seòrsa cheistean ann 's a bhios a' nochdadh anns na pàipearan deuchainn, le mineachadh air dè a tha air iarraidh mu choinneimh gach ceist airson na comharran fhaighinn. Tha comhairle ann air dòighean air na ceistean a làimhseachadh agus tha cothrom ann do fhreagairtean fhèin a sgrìobhadh agus a chlàbhualadh airson coimeas a dhèanamh eadar iad agus eisimpleirean a bhios air an làraich de fhreagairtean freagarrach.

Cuide ris an seo tha ceangal ann ri làraichean eile a dh'fhaodadh a bhith feumail do sgoilearan a tha a' dèanamh Gàidhlig aig Àrd Ìre agus cothrom airson

ceist a chur air tidsear. 'S e goireas a tha an seo airson duine sam bith aig a bheil duilgheadas le cuspair ceangailte ris an deuchainn, nach eil air a mhìneachadh air an làraich. Ma chuireas tu ceist thugainn air post-dealain gheibh thu freagairt air ais taobh a-staigh dà latha agus thèid na ceistean agus na freagairtean fhoillseachadh air an làraich airson cuideachadh a thoirt do sgoilearan eile aig am faodadh na h-aon dhuilgheadasan a bhith.

Mar sin, ma tha na deuchainnean a' tighinn faisg rach air-loidhne gu <http://www.bbc.co.uk/scotland/bitesize> agus geallaidh sinn nach bi a leithid de dh'eagal ort a' dol a-steach dhan t-seòmar deuchainn am-bliadhna.

Bidh an aon sheòrsa goireis ann do luchd-ionnsachaidh aig toiseach 2007 agus tha BBC Alba gu mòr an comain Buidheann Teicneolas Fiosrachaidh is Conaltraidh Gàidhlig nan Àrd Sgoiltean airson an taic a chuir iad ri Bitesize Gàidhlig.

### Coinneach Mòr — sàr-chraoladair nan dùthchannan Ceilteach

Rinn Coinneach MacÌo—mhair cinnteach gun do ghlèidh na Gàidheil an duais airson sàr-chraoladair rèidio aig Fèis Film is Telebhisein nan Dùthchannan Ceilteach airson an dàrna bliadhna.

An-uiridh thug Niall-Iain Dòmhnallach an duais dhachaigh gu BBC Radio nan Gàidheal agus rinn Coinneach còir an gnothach an turas-sa agus an Fhèis a' gabhail àite ann am Falmouth.

Bha e an aghaidh farpaisich à Èirinn, às a' Chuimrigh agus à Alba agus mhol na brithemhan e airson an dlùth chàirdeas a bha eadar e fhèin is a luchd-èisteachd ge bith dè an seòrsa cuspair leis an robh e dèiligeadh. Fhuair Iseabail NicGillfhuinnein facal air dìreach an dèidh dha an duais a thogail.

**Meal do naidheachd a Choinnich! Dè do bheachd air an seo ma-thà?**

Uill tha mi toilichte gun teagamh ach is e ìrioslach as motha a tha mi a' faireachdainn. Saoilidh mise nach eil mi a' dèanamh càil an-diugh ach na tha mi air a bhith a' dèanamh bho thòisich mi craoladh mu 30 bliadhna air ais. Tha mi cho fortanach a bhith a' dèanamh rud a tha a' còrdadh cho math rium, chan eil e coltach ri obair ann! Ach chan e duais aon duine a tha seo ann ach duais dhan sgioba air fad agus dhan luchd-èisteachd, 's an aon-ais-san cha bhiodh Prògram Choinnich ann.

**Bha thu air siubhal gu ruige Falmouth airson na Fèise, mar sin an robh thu air d'òraid a dheasachadh?**

Cha robh, cha robh idir. 'S i an fhìrinn a th'agam. Cha robh càil a dhùil agam ris. Bha ceathrar eile san fharpais, is iad uile airidh air urram. Cha robh beachd sam bith agam gur ann thugamsa a thigeadh an duais. Leis gu robh an Fhèis anns a' Chòrn ghabh mi fhèin agus àrd-riochdaire a' phrògraim Flòraidh NicGilleathain an cothrom prògraman a dheasachadh agus a chraoladh an seo agus an Lunnainn. Is ann air na prògraman a tha sin a bha ar n-àire agus chòrd e rinn gu mòr a bhith gun dèanamh A' deasachadh prògraman dhan luchd-èisteachd, 's e sin a th'air a bhith fa-near dhuinne fad na seachdain is cha mhòr gu robh mionaid ann smaoineachadh air farpais air neo duais.

**Thuir na brithemhan gun do bhual e orra gu h-àraidh an comas a th' agad còmhraidh a dhèanamh le daoine ge bith an ann air cuspairean trom air neo aotrom.**

Uill 's e gnè a' phrògraim measgachadh farsaing de chuspairean a bhith ann. Saoilidh mi gun aithnich daoine gu math luath mur a bheil gu dha-

riribh ann an còmhraidh sam bith — mas e ùidh fuadain a th' agad annta-san air neo anns a' chuspair. Ma tha ùidh agad fhèin ann an daoine tha iad ag aithneachadh sin agus tha iadsan an uairsin fosgailte leatsa. 'S e urram a th'ann a bhith an sàs ann am prògram far a bheil uimhir den luchd-èisteachd deònach a bhith mar phàirt den prògram, ag innse nan sgeulachdan aca fhèin, a' toirt seachad am beachdan agus a' dèanamh beagan plòidh cuideachd. Tha mi gam fhaicinn fhèin mar dhuine gu math fortanach!

**Agus dè a nise?..**

Chan eil ach tòiseachadh a' deasachadh airson an ath phrògraim. Uill is dòcha gu faic mi an toir iad thugam dà chupa ti sa mhadainn a-nise an àite aonan!

Tha Coinneach MacIomhair ri chluinntinn gach madainn aig 0903 air BBC Radio nan Gàidheal le ath-chraoladh gach feasgar aig 1803.



Tha mòran dhaoine glè eòlach air guth Choinnich tron phrògram làitheil sònraichte aige



# Comhairle nan Eilean Siar

- **A' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig aig cridhe cultar na Gàidhlig**
- **A' Toirt Seachad Foghlaim Tro Mheadhan na Gàidhlig**
- **A' Toirt Taic do Mhòdan Ionadail agus Buidhnean Gàidhlig**
- **A' Cur Poileasaidh Dà-chànanach an Gníomh**
- **Comhairle nan Eilean Siar – Ag Obair Còmhla Airson nan Eilean**



## Bùth a' Chomuinn



CDs, Teipichean, Bhideos, Miosachain Gàidhlig, Cairtean Gàidhlig, Taghadh math deth Leabhraichean Gàidhlig Gheibh Buill a' Chomuinn agus Luchd Ionnsachaidh na Gàidhlig lughdachadh pris.

Airson tuilleadh fiosrachaidh tilleabh a bhileag so thugainn:

An Comunn Gaidhealach,  
Taigh a' Mhorair Leverhulme, Ceàrnag Phearsabhail, Steòrnabhagh,  
Eilean Leòdhais HSI 2DD  
Fòn: 01851 703487 Facs: 01851 706467 post d: [peigi@gaelic.org](mailto:peigi@gaelic.org)



Ainm: .....  
Seòladh: .....  
Fòn: .....  
Àireamh Ballrachd: .....

An Comunn Gaidhealach,  
Taigh a' Mhorair Leverhulme, Ceàrnag Phearsabhail, Steòrnabhagh, Eilean Leòdhais,  
HSI 2DD  
Fòn: 01851 703487, Fax: 01851 706467 E mail: [peigi@gaelic.org](mailto:peigi@gaelic.org)



## Ionad Chaluum Chille Ìle Cùrsaichean Samhraidh



Bidh cùrsaichean seachdaine ann an Gàidhlig, Gaeilge, seinn, ceòl agus sgrìobhadh a' tòiseachadh 12 An t-Òg-mhios le luchd-tòiseachaidh, agus a' crìochnachadh 18 An Lùnastal le sgrìobhadh ann an Gàidhlig agus Gaeilge.

Pris £125 san t-seachdain  
(£95 muinntir Ìle no Dhiùra).

Gabhaidh sinn Individual Learning Accounts  
Son dà sheachdain ann an Ìle, no aon ann an Ìle is aon ann an Sabhal Mòr Ostaig, gheibhear dà sheachdain aig £200

Airson barrachd fiosrachaidh:

Ionad Chaluum Chille Ìle, Gartnatra,  
Bogh' Mòr, Ìle, PA43 7LN  
Fòn: 01496 810 818 info@iccile.co.uk

SEIRBHEIS  
nam MEADHANAN  
GÀIDHLIG



Gaelic  
Media  
Service



## IOMADH GUTH, AON AMAS

### Ceartas is cothrom do chraoladh Gàidhlig

Sin a tha Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig air a bhith sireadh, le taic o chaochladh bhuidhnean agus o choimhearsnachd na Gàidhlig. Anns na còig bliadhna deug mu dheireadh phàigh an t-Seirbheis son còrr is 2000 uair a thìde de phrògraman – còrr is da thrian de na prògraman Gàidhlig ùra a chaidh a chruthachadh son telebhisean an Alba. Ach chan eil an sin ach eachdraidh. Le sianal digiteach air fàire thig piseach as ùr air craoladh Gàidhlig – adhartas air a bheil an sluagh airidh is dligheach.

**Chan e seo deireadh na sgeòil ach a toiseach – seirbheis choileanta le Gàidheil, do Ghàidheil, mu Ghàidheil.**

SEIRBHEIS  
nam MEADHANAN  
GÀIDHLIG



Gaelic  
Media  
Service  
Taigh Shìphoirt  
Rathad Shìphoirt  
Steòrnabhagh  
Eilean Leòdhais  
HS1 2SD

Fòn: 01851 705550 Facs: 01851 706432  
P-dealain: fios@gms.org.uk Làrach-lìn: www.gms.org.uk